



National
Qualifications
2026

X831/76/11

**Gaelic (Learners)
Reading**

WEDNESDAY, 20 MAY

9:00 AM – 11:00 AM

Total marks — 30

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the Reading answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

There is a separate question and answer booklet for Directed Writing. You must complete your answer for Directed Writing in the question and answer booklet for Directed Writing.

You must leave your Reading answer booklet and your Directed Writing question and answer booklet on your desk; if you do not, you could lose all the marks for this paper.



Total marks — 30
Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about learning to cook.

Còcaireachd

Feumaidh sinn uile biadh airson a bhith beò. Tha fios againn gum bu chòir dhuinn bracaist, lòn agus dìnnear ithe gach latha agus dè am biadh a tha fallain agus dè am biadh nach eil. Ach, cò aig a tha fios ciamar a bhios tu a' dèanamh dìnnear fallain? A rèir rannsachaidh, san Rìoghachd Aonaichte, chan urrainn dha deich às a' cheud de dhaoine còcaireachd. Am measg fhìreannach, tha an àireamh ag èirigh gu aon a-mach à seachdnar agus, am measg dhaoine a tha fo aois fichead 's a còig, tha i a' fàs gu mu chairteal.

Tha sinn air ar cuairteachadh le roghainnean bìdh a h-uile latha. Cha robh e a-riamh cho furasta biadh òrdachadh le companaidhean mar *Just Eat* agus *Deliveroo* a' tabhann diofar biadhan chun an dorais ann am beagan mhionaidean. Tha cafaidhean, taighean-bìdh agus bùthan-bìdh air gach oisean anns na bailtean mòra. The e soilleir gu bheil sinn cho dèidheil air biadh a tha faisg air làimh.

Le sin, carson a bu chòir dhuinn còcaireachd ionnsachadh? Tha iomadh adhbhar ann; tha e nas saoire, mar as trice tha e nas fhallaine, agus faodaidh tu taghadh dè dh'itheas tu agus cuin a dh'itheas tu. Mar a chanas iad, 's e an t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach, agus mar thoradh air sin, tha e nas fheàrr tòiseachadh air còcaireachd aig aois òg. Faodaidh còcaireachd a bhith na thoileachas dhan a' chloinn de gach aois. 'S urrainn dhaibh tòiseachadh òg agus fàsaidh iad measail air a' chidsin agus a bharrachd air sin leasaichidh iad na sgilean a chleachdas iad nan inbhich. Fiù 's fo aois a trì, tha cothrom ann pàiste a theagasg mu bhiadh agus àrainneachd a' chidsin; faodaidh iad glasaich a nighe, stuthan a mheasgachadh ann am bobhla, agus gheibh iad blasad de na rudan a nì iad. Dh'fhaodadh seo am brosnachadh gu bhith ag ithe farsaingeachd de bhiadh. Ma dh'ionnsaicheas iad còcaireachd nuair a tha iad òg, nì e feum dhaibh nuair a tha iad nas sine. Tha rannsachadh a' sealltainn gum bi iad a' còcaireachd biadh fallain agus cha bhi iad ag ithe cus biadh-luath.

Ciamar a dh'ionnsaicheas tu còcaireachd nuair a tha thu nas sine? Uill, gu fortanach, tha iomadh dòigh ann. Anns a' chiad àite, tha leabhraichean còcaireachd ann le mu fhichead millean gan reic anns an t-saoghal agus tha an àireamh a' dol suas gach bliadhna. Bheir leabhar math comhairle dhut, stiùireadh ceum air cheum, dealbhan tarraingeach agus fiosrachadh mu na grìtheidean* agus an uidheamachd a dh'fheumas tu.

A bharrachd air leabhraichean, tha cùrsaichean ann airson còcaireachd ionnsachadh. Gu tric, tha cùrsaichean ann airson diofar ìrean — 's dòcha gu bheil thu nad neach-tòiseachaidh no 's dòcha gu bheil thu airson do sgilean adhartachadh. Mar a h-uile càil na làithean seo, faodaidh tu a-nis na cùrsaichean seo a dhèanamh air-loidhne. Tha e nas fhasa na a bhith ag òrdachadh biadh dhan taigh agad oir chan fheum thu an taigh fhàgail agus chan fhaic duine thu ma nì thu mearachd no dhà.

Tha sreath phrògraman ann air-loidhne a chaidh a chruthachadh le cluicheadair ball-coise ainmeil, Marcus Rashford, agus còcaire ainmeil, Tom Kerridge. Anns an t-sreath de fhilmichean goirid, tha an dithis ag amas air deugairean a bhrosnachadh gus biadh saor agus simplidh a chòcaireachd. Airson na reasabaidhean seo a dhèanamh chan fheum thu mòran uidheamachd, tha na grìtheidean furasta an lorg agus tha na cosgaisean ìosal. Ma dh'ionnsaicheas tu còcaireachd aig an taigh an àite a bhith ag ithe a-muigh cho tric, mairidh na sgilean agad fad do bheatha agus dh'fhaodadh tu a bhith beò beagan nas fhaide.

*grìtheidean — ingredients

Questions

Re-read lines 1–6.

- | | |
|---|---|
| 1. The article states that we need food to stay alive. What does it say we should know? | 2 |
| 2. What do the research statistics tell us about cooking: | |
| (a) in the UK? | 1 |
| (b) among men? | 1 |
| (c) in relation to those under 25? | 1 |

Re-read lines 12–23.

- | | |
|--|---|
| 3. What reasons does the article give for learning to cook? State any two things. | 2 |
| 4. The article states that even children under three can be involved in the kitchen. What activities can they do? State any two things. | 2 |
| 5. Research states that there are benefits in learning to cook when you are young. What are they? | 2 |

Re-read lines 24–34.

- | | |
|---|---|
| 6. The article discusses cookbooks. What does it tell us about the sales figures? | 2 |
| 7. What are the advantages of online cookery courses? | 3 |

Re-read lines 35–41.

- | | |
|---|---|
| 8. The article discusses an online series created by Marcus Rashford and Tom Kerridge. What is the aim of the series? | 1 |
| 9. What are the benefits of learning to cook instead of eating out so often? State any one thing. | 1 |

Now consider the article as a whole.

- | | |
|---|----|
| 10. What is the writer's attitude about learning to cook when you are young? Give details from the text to justify your answer. | 2 |
| 11. Translate into English:
<i>Tha sinn . . . faisg air làimh.</i> (lines 7–11) | 10 |

[END OF QUESTION PAPER]

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE